

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 102 (which corresponds to Litir 406). Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk.

O chionn fhada bha fear ann air an robh Calum Beag mar ainm. Bha e beag ach làidir. Bha e a' fuireach ann an Àird Chlach. Bha taigh aige faisg air Uisge Èireann – *the Findhorn River*. Bha an taigh far a bheil an talamh àrd a' tòiseachadh.

Ann am Beurla 's e an t-ainm a th' air an àite – *The Streens* no *Streens of Findhorn*. Seo na sgrìobh an sàr-eòlaiche, Uilleam MacBhàtair: *Na Srianan*, *the Streens of Findhorn, the Bridles ... a graphic and appropriate name for this remarkable gorge*. 'S e *Na Srianan* a chanas sinn ris an àite ann an Gàidhlig an-diugh. Seo na th' aig Iain Mac an Tàilleir air an liosta aige de dh'ainmean-àite (a th' air an eadar-lìon): *Na Srianan*. "*The Restraint*" referring to narrows in the *River Findhorn*.

Co-dhiù, air ais gu Calum Beag. Nuair a bha e òg, bha e ag obair aig Caisteal Chaladair. Bha e ag obair mar bhuachaille. Latha a bha seo, bha e a' buachailleachd treud de chrodh Gàidhealach. Thàinig ceatharnaich a-nuas air. Chuir iad an grèim e. Thòisich na ceatharnaich air slighe gu taobh an iar na Gàidhealtachd. Bha Calum còmhla riutha. Dè bha e a' dol a dhèanamh?

Uill, bha breacan air. Breacan de sheòrsa àraidh. Bha a h-uile duine anns an sgìre eòlach air breacan Chalaim. Reub e dheth pìosan beaga dhen bhreacan. Leig e don talamh iad. Cha robh fios aig na ceatharnaich gun robh e a' dèanamh sin.

An ath latha bha muinntir Chaladair a' coimhead airson a' chruidh. Lorg fear pìos breacain. Bha fios aige gur e pìos de bhreacan Chalaim a bh' ann. Lorg cuideigin eile dàrna pìos. Mar sin, lean iad an rathad a ghabh Calum is na ceatharnaich.

Lorg iad iad ann an ceann shuas Srath Èireann. Bha iad nan suidhe ann an lagan. Bha iad a' ròstadh mart. Fhuair muinntir Chaladair an crodh air ais. Agus fhuair Calum Beag duais bhon uachdaran.

* * * * *

Faclan is abairtean: O chionn fhada: *a long time ago*; bha fear ann air an robh Calum Beag mar ainm: *there was a man who was named Wee Calum*; Àird Chlach: *Ardclach*; Uisge Èireann: *Findhorn River*; far a bheil an talamh àrd a'

tòiseachadh: *where the high ground starts*; seo na sgrìobh an sàr-eòlaiche: *here's what the expert wrote*; a chanas sinn ris an àite: *which we call the place*; Caisteal Chaladair: *Cawdor Castle*; bha e ag obair mar bhuachaille: *he was working as a herdsman*; a' buachailleachd treud de chrodh Gàidhealach: *tending a herd of Highland cattle*; thàinig ceatharnaich a-nuas air: *caterans (freebooters) came down upon him*; chuir iad an grèim e: *they captured him*; air slighe gu taobh an iar na Gàidhealtachd: *on a route to the West Highlands*; còmhla riutha: *along with them*; breacan de sheòrsa àraidh: *a plaid of an unusual type*; reub e dheth: *he ripped off*; a' coimhead airson a' chruidh: *looking for the cattle*; lorg cuideigin eile dàrna pìos: *somebody else found a second piece*; lean iad an rathad a ghabh Calum is na ceatharnaich: *they followed the route that Calum and the caterans took*; ceann shuas Srath Èireann: *the upper part of Strathdearn*; nan suidhe ann an lagan: *sitting in a hollow*; a' ròstadh mart: *roasting a stirk*; duais bhon uachdaran: *a reward from the laird*.